

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Cailean Caimbeul, Ailtire

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,067. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 763 corresponds to Litir 1,067.

O chionn ghoirid bha mi ann an dà dhachaigh mhòr stàiteil a tha ceangailte ri chèile. 'S e fear dhiubh Caisteal Bhrothaigh – *Brodie Castle* – ann am Moireibh. 'S e am fear eile *Stourhead* air crìochan Wiltshire is Somerset ann an Sasainn. Tha iad ceangailte ri chèile le ailtire.

Tha *Stourhead* brèagha. Tha an leas àlainn, le craobhan mòra ann, agus faoin-thogalaichean ri taobh loch. Chaidh a thogail às ùr tràth anns an ochdamh linn deug. Agus b' e an t-ailtire a dhealbhaich e – fear Cailean Caimbeul a bha na Albannach. Rugadh e ann an Caisteal Bhrothaigh ann an sia ceud deug, seachdad 's a sia (1676).

Bhuineadh Cailean do na Caimbeulaich leis an robh Caisteal Challadair. Fhuair e oideachadh ann an lagh ann an Oilthigh Dhùn Èideann. Ach dh'fhàg e an dreuchd aige, agus Alba, airson a bhith na ailtire ann an Sasainn. Choisinn e cliù dha fhèin an sin, agus dh'fhuirich e an còrr de a bheatha ann an Sasainn agus san Eadailt. Bha e gu mòr a' leantainn ailtireachd Andreas Palladio, ailtire Eadailteach. Bha Palladio dìleas do stoidhle nan togalaichean clasaigeach anns an Ròimh agus sa Ghrèig. Canaidh daoine '*Palladian*' ris an stoidhle aige.

Dh'fhàs an Caimbeulach ainmeil. Sgrìobh e an leabhar *Vitruvius Britannicus*, a chaidh fhoillseachadh ann an seachd ceud deug is còig-deug (1715). Bha e mu dheidhinn ailtireachd, agus na riochdan clasaigeach a b' fheàrr leis a' Chaimbeulach. Chaochail Cailean ann an seachd ceud deug, fichead 's a naoi (1729). Cha do mhair an dreuchd aige mar ailtire fada, ach bha e cliùmhhor nuair a chaochail e.

Ge-tà, cha robh a bheatha às aonais connspaid. Fhuair e obair mar Leas-àrd-shuirbhidhear aig a' Bhòrd Obrach Rìoghail. Nuair a bha e san dreuchd sin, rinn e sgrùdadh air staid Thaigh nan Cumantan ann an Lunnainn. Mhol an aithisg aige gun dèante obair mhòr air an togalach, oir bha e ann an droch staid. Ach chaidh fios a sgaoileadh gun robh an Caimbeulach air a bhith **ri foill**, agus e an dùil an cùmhnant fhaighinn airson obair-càraidh air an togalach – nach robh ann an staid cho dona 's a bha e a' cumail a-mach!

An latha a bha mi ann an àite-breith a' Chaimbeulaich – Caisteal Bhrothaigh – bha **fèill dhibhe** is bhìdh ann. Chaidh mi a' choimhead air stàile far an robhar a' reic mil-dheoch. Sin deoch-làidir a thathar a' dèanamh le mil. Ann am Beurla, *mead*.

Bha mi-fhìn is a' bhean agam a' bruidhinn ri chèile ann an Gàidhlig mun deoch. Bha sinn air beulaibh an duine a bha ga reic. Gu fortanach, bha sinn air a bhith modhail – oir bhruidhinn an duine rinn ann an Gàidhlig!

Tha Crisdean Mac a' Mhaoilein air a bhith a' dèanamh mil-dheoch fad beagan bhliadhnaichean. Tha e stèidhichte ann an Cill Mhìcheil ann an Siorrachd Pheairt, le ionad-obrach ann am Blàr Ghobharaidh. Tha e a' faighinn na meala aige ann an Srath Àrdail faisg air an dachaigh aige, agus tha e a' grùdadh na dibhe ann an dòigh nàdarrach, stèidhichte air rannsachadh a rinn e air na dòighean-obrach àrsaidh air feadh ceann a tuath na Roinn Eòrpa.

Chòrd e rium coinneachadh ris, agus e làn Gàidhlig. Agus bha an deoch aige math cuideachd!

* * * * *

Faclan na Litreach: Caisteal Bhrothaigh: *Brodie Castle*; Moireibh: *Moray*; crìochan: *boundaries, borders*; ailtire: *architect*; faoin-thogalaichean: *follies [buildings]*; dhealbhaich: *designed*; Cailean Caimbeul: *Colen [sic] Campbell*; ailtireachd: *architecture*; obair-càraidh: *repair work*; Crisdean Mac a' Mhaoilein: *Chris Mullin*.

Abairtean na Litreach: dà dhachaigh mhòr stàiteil a tha ceangailte ri chèile: *two stately homes that are linked to each other*; a' riochdachadh seann taigh mòr aig teaghlach beartach: *representing an old estate house belonging to a rich family*; chaidh a thogail às ùr: *it was completely rebuilt*; leis an robh Caisteal Challadair: *who owned Cawdor Castle*; choisinn e cliù dha fhèin: *he built a reputation*; dh'fhuirich e an còrr de a bheatha ann an Sasainn agus san Eadailt: *he lived the rest of his life in England and Italy*; cha do mhair an dreuchd aige fada, ach bha e cliùmhòr nuair a chaochail e: *his career didn't last long, but he was well-known when he died*; cha robh a bheatha às aonais connspaid: *his life wasn't without controversy*; Leas-àrd-shuirbhidhear aig a' Bhòrd Obrach Rìoghail: *Deputy Surveyor-General at the Royal Board of Works*; rinn e sgrùdadh air staid Thaigh nan Cumantan: *he examined the state of the House of Commons*; gun dèante obair mhòr air an togalach: *that a lot of work [would] be done on the building*; chaidh fios a sgaoileadh: *news was spread*; stàile far an robhar a' reic mil-dheoch: *a stall where mead was being sold*; stèidhichte ann an Cill Mhìcheil ann an Siorrachd Pheairt, le ionad-obrach ann am Blàr Ghobharaidh: *based in Kirkmichael in Perthshire, with his workplace in Blairgowrie*; tha e a' faighinn na meala aige ann an Srath Àrdail: *he gets his honey in Strathardle*; tha e a' grùdadh na dibhe ann an dòigh nàdarrach: *he brews the drink in a natural way*; dòighean-obrach àrsaidh air feadh ceann a tuath na Roinn Eòrpa: *ancient ways of working throughout northern Europe*.

Puing-chànain na Litreach: bha fèill dhibhe is bhìdh ann: *there was a drink and food festival*. Historically, the genitive singular form of deoch 'drink' was *dighe* but it is commonly pronounced 'dibhe', and now commonly written that way (cf leughadh which is not written *leubhagh*, despite that common pronunciation). It (and bìdh 'of food' are here lenited following the feminine noun *fèill*, as they are acting adjectivally.

Gnàthas-cainnt na Litreach: gun robh an Caimbeulach air a bhith ri foill: *that Campbell had been involved in deceit*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA